

Buidheann Thar-phàrtaidh na Gàidhlig

30 Samhain 13.00

Geàrr-chunntas

Fàilte agus Leisgeulan

Buill

Alasdair Allan, BPA

Ariane Burgess, BPA

Dòmhnall Camshron, BPA

Luchd-aoigheachd le cuireadh

Amanda Mitchell

Ann Desseyn

Beathag Mhoireasdan, Eadar-theangair

Diane Nic an t-Saoir, Pàrlamaid na h-Alba

Dùghlas Ansdell, Riaghaltas na h-Alba

Eilidh Rothach, Pàrlamaid na h-Alba

Fionnlagh MacLeòid

Iain Craig, Àrainneachd Eachdraidheil Alba

Jeff Justice

Joy Dunlop, Seachdain na Gàidhlig

Lewis MacAsgaill, Pàrlamaid na h-Alba

Mairead Màiri Mhoireach, BBC

Buill Buidhne nach eil nam Buill

Artair MacCarraig, Fèisean na Gàidheal

Caoimhín Ó Donnaíle, Sabhal Mòr Ostaig

DJ Mac an t-Saoir, Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean

Eilidh NicLeod, MG ALBA

Iain MacAmhlaigh, Comunn na Gàidhlig

Jim Whannel, Bòrd na Gàidhlig

Màiri NicAonghais, Bòrd na Gàidhlig

Marie Diùc, Bòrd na Gàidhlig

Màrtainn Mac a' Bhàillidh, Misneachd

Orla NicDhòmhnaill, Bòrd na Gàidhlig

Shona NicIllinnein, Bòrd na Gàidhlig

Leisgeulan

Wilson MacLeòid

Carole Henderson

Calum Rothach

Mata MacIomhair

Geàrr-chunntas na Coinneimh mu dheireadh: 20 Sultain 2022

Dh'aontaich Buill ri geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh.

Joy Dunlop a' toirt geàrr-chunntas seachad air planaichean airson Seachdain na Gàidhlig 2023 (20mh-26mh An Gearran)

Thug Joy Dunlop taing don Bhuidhinn airson cuireadh a thoirt dhi bruidhinn aig a' choinneimh. Thug i seachad cùl-fhiosrachadh air Seachdain na Gàidhlig, gun do thòisich i ann an 2022 gus Gàidhlig a chomharrachadh gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta ann an dòigh a bha freagarrach don a h-uile duine. Ann an 2022 chaidh a' mhòr chuid de thachartasan a chumail air-loidhne ri linn Covid-19, ach thathar an dùil ann an 2023 gum bi measgachadh de thachartasan ann sa choimhearsnachd agus cuideachd air-loidhne.

Thugadh taing do Bhòrd na Gàidhlig airson maoineachadh a tha a' toirt taic don t-seachdain. Thug i fios gun d'fhuair an t-seachdain maoineachadh eile airson 2023 agus gu bheil a' ruith Maoin nan Tabhartasan Beaga a bhios ga toirt do neach/buidheann/coimhearsnachd/sgoil gus taic a chur ri tachartasan airson Seachdain na Gàidhlig. Thug i fios gur ann airson muinntir na h-Alba agus do Ghàidheil air feadh an t-saoghail a tha Seachdain na Gàidhlig.

Thèid prògram thachartasan fhoillseachadh air-loidhne agus 's urrainn do dhuine sam bith tachartas a chur ris. Thugadh fios gu bheil e a cheart cho luachmhor gum bi daoine a' cleachdadh rud beag Gàidhlig tron t-seachdain a bharrachd air tachartasan foirmeil. Thathar ag obair còmhla ri Twinkl airson taic a thoirt do sgoiltean, gus am brosnachadh pàirt a ghabhail san t-seachdain agus thèid fios a sgaoileadh do sgoiltean tro Fhoghlam Alba agus bidh fios air làrach-lìn Seachdain na Gàidhlig cuideachd.

Chaidh cudrom a chur air a' phuing gu bheil an t-seachdain seo airson a h-uile duine agus nach fheumar a bhith fileanta airson pàirt a' gabhail, ach 's e an rud as cudromaiche gum bi aire ga toirt don Ghàidhlig tron seachdain. Dh'iarr i gun dèan daoine 'tag' air cunntasan Seachdain na Gàidhlig air tachartasan is eile a bhios a' dol gus an urrainn dhaibh an co-roinn.

Chaidh ceist fhaighneachd ciamar as urrainn do dhaoine a tha dìreach air tòiseachadh air Gàidhlig ionnsachadh pàirt a ghabhail san t-seachdain. Fhreagair Joy Dunlop gun urrainn dhaibh pàirt a ghabhail ann an dòigh sam bith a fhreagras dhaibh fhèin. Thugadh fios gu robh Duolingo an dùil an ath earrann den chùrsa fhoillseachadh air an t-seachdain ach nach tèid an ceann-là seo a ruigsinn. Thug i fios cuideachd mu na goireasan air an làraich-lìn a bhios a' toirt taic dhaibh air dòighean san urrainn dhaibh pàirt a' gabhail.

Thug Shona NicIlinnein fios gum bi na Duaisean Gàidhlig ann tro Sheachdain na Gàidhlig agus gu bheilear a-nis a' sireadh mholaidhean airson buannaichean ann an iomadh diofar roinn. Thathar cuideachd an dùil gum bi an ath choinneamh Thar-phàrtaidh a' gabhail àite tron t-seachdain.

Co-chomhairle air Geallaidhean Riaghaltas na h-Alba don Ghàidhlig agus don Albais agus Bile nan Cànan Albannach: Na h-Ath Cheumannan

Dh'innis Dùghlas Ansdell don Bhuidhinn gun robh a' cho-chomhairle a' tighinn gu crìch, ach gun deach an ceann-là crìochnachaidh a leudachadh gu 8mh Dùbhlachd 2022. Dh'innis e gun robh 662 freagairt ann agus gun robh iad air a bhith toilichte leis an ìre conaltraidh seo agus gur e an ath cheum measadh a dhèanamh air na freagairtean. Thèid cunradair fhadstadh airson na h-ìre seo agus thathar an dùil gum bi aithisg neo-eisimeileach ri fhaighinn ann an 2023. Thug e fa-near gum feum iad coimhead air na structaran a tha ann airson libhrigeadh Gàidhlig agus an stiùireadh a tha ann agus thug e fios gum bi ceum pàrlamaideach ann den phròiseas co-chomhairleachaidh. Thugadh fa-near gun robh Sgioba na Gàidhlig agus na h-Albais taingeil airson nam freagairtean air fad don cho-chomhairle.

Dh'innis Dùghlas Ansdell don Bhuidhinn gun robh freagairtean measgaichte ann le tòrr a bha taiceil don Ghàidhlig agus feadhainn nach robh. Bha freagairtean ann cuideachd le diofar ìrean de shusbaint agus thèid iad sin a sgrùdadh gu h-ìomchaidh ron aithisg neo-eisimeileach air freagairtean na co-chomhairle.

Chaidh puingeann a thogail mun fheum air dreuchdan Leasachadh Coimhearsnachd le deagh phàigheadh agus seasmhachd, Planaichean Gàidhlig coimhearsnachd agus mar a thèid dèiligeadh ris na cùisean sin nuair a thathar a' beachdachadh air a bhith a' cruthachadh Gàidhealtachd oifigeil. Bhruidhinn Dùghlas Ansdell mu fhreagairtean a bha a' toirt iomradh air na puingeann seo agus thug e seachad beagan fiosrachaidh mun obair a thathas a' dèanamh mar-tha anns na raointean seo agus mar a ghabhadh iad sin a leasachadh às dèidh a' cho-chomhairleachaidh.

Dh'innis Shona NicIlinnein don Bhuidhinn gun deach freagairt Bhòrd na Gàidhlig fhoillseachadh air an làraich-lìn aca agus bhrosnaich i iadsan a bha a' smaoinneachadh air freagairt a chur a-steach a leughadh agus beachdachadh air na bha ann nuair a bha iad a' dreachdadh nam freagairtean aca fhèin. Thug i seachad beagan a bharrachd fiosrachaidh mu mholaidhean bhon fhreagairt a thaobh Planaichean Gàidhlig agus a bhith a' cruthachadh Gàidhealtachd oifigeil. Thug i fa-near gun robh an freagairt aca cuideachd a' beachdachadh air Bile Ath-leasachaidh an Fhoghlaim, Bile Chòraichean Daonna, Lèirmheas air Achd Cumhachdachadh Coimhearsnachd, Bile Ath-leasachaidh an Fhearainn, inbhe oifigeil don Ghàidhlig agus barrachd.

Bha cuid de na puingeann eile a chaidh a thogail a' buntainn ri siostaman dealbhaidh baile, meur-chlàran Gàidhlig ann an cùmhnantan seirbheis IT anns na sgoiltean, cruthachadh curraicealam a bha sònraichte don Ghàidhlig agus chaidh còmhradhean a chumail mu na puingeann sin.

GISBE

Thuir Mairtainn Mac a' Bhàillidh gum biodh e deònach bruidhinn air SpeakGaelic/Duolingo aig an ath choinneamh.

Ceann-là na h-Ath Choinneimh

Thèid an ath choinneamh a chumail tro Seachdain na Gàidhlig (20-26mh Gearran 2023)

Cross-Party Group on Gaelic

30 November 2022 13.00

Minutes

Present

MSPs

Alasdair Allan, MSP

Ariane Burgess, MSP

Donald Cameron, MSP

Invited Guests

Amanda Mitchell

Ann Desseyne

Beathag Mhoireasdan, Translator

Diane MacIntyre, Scottish Parliament

Douglas Ansdell, Scottish Government

Eilidh Munro, Scottish Parliament

Finlay MacLeòid

Iain Craig, Historic Environment Scotland

Jeff Justice

Joy Dunlop, Seachdain na Gàidhlig

Lewis MacAskill, Scottish Parliament

Margaret Mary Murray, BBC

Non-MSP Group Members

Arthur Cormack, Fèisean na Gàidheal

Caoimhín Ó Donnaíle, Sabhal Mòr Ostaig

DJ MacIntyre, University of the Highlands and Islands

Eilidh MacLeod, MG ALBA

Iain MacAulay, Comunn na Gàidhlig

Jim Whannel, Bòrd na Gàidhlig

Màiri MacInnes, Bòrd na Gàidhlig

Marie Duke, Bòrd na Gàidhlig

Màrtainn Mac a' Bhàillidh, Misneachd

Orla MacDonald, Bòrd na Gàidhlig

Shona MacLennan, Bòrd na Gàidhlig

Apologies

Wilson McLeod

Carole Henderson

Calum Munro

Matthew MacIver

Minutes of Previous Meeting: 20 September 2022

Members approved the minutes of the previous meeting.

Joy Dunlop discussing plans for World Gaelic Week 2023 (February 20th-26th)

Joy Dunlop thanked the Group for the invitation to speak at the meeting. She gave background information on Seachdain na Gàidhlig, that it started in 2022 to celebrate Gaelic nationally and internationally in a way that was suitable for everyone. In 2022 most events were held online due to Covid-19, but it is expected that in 2023 there will be a mix of events in the community and online. Bòrd na Gàidhlig was thanked for providing funding which supports the initiative. She told the Group additional funding had been awarded for 2023, making possible the Fund for Small Grants which will support individuals/groups/communities/schools to run events for Seachdain na Gàidhlig. She told the Group that Seachdain na Gàidhlig is for Gaelic speakers in Scotland and around the world alike.

A program of events will be published online, and anyone can add to this. She told the Group that it is just as valuable that people use some Gaelic during the week as well as holding formal events. The Seachdain na Gàidhlig team are working with Twinkl to support schools and to encourage participation in the week. Information will be distributed to schools through Education Scotland and will also be available on the Seachdain na Gàidhlig website.

Emphasis was placed on the fact that this week is for everyone and that it is not necessary to be fluent to participate, but the most important thing is to give attention to Gaelic during the week. She requested that people tag the Seachdain na Gàidhlig accounts on any posts about events and other happenings during the week so that they can share it.

A question was asked about how people who have just started learning Gaelic participate in the week. Joy Dunlop replied that they can participate in any way that suits them. She said that Duolingo had been planning to publish the next part of the course for the week, but this date may not be reached. She also informed about the resources on the website that advise on ways they can participate.

Shona MacLennan informed that the Gaelic Awards will take place during Seachdain na Gàidhlig and that proposals are now being sought for winners in a variety of categories. The next Cross-Party Meeting is also planned for the week.

Scottish Government Commitments to Gaelic and Scots and a Scottish Languages Bill: The Next Steps

Douglas Ansdell told the Group that the consultation was coming to a close, although the end date had been extended until the 8th of December 2022. He informed that 662 responses had been received and that they have been pleased with this level of engagement. The next step will be to assess the responses. A contractor will be identified for this stage and it is expected that the independent report will be available in 2023. He noted that they will need to look at the structures that are in place for Gaelic delivery, the guidance in place and that there will be a Parliamentary phase as part of the process. It was noted that the Gaelic and Scots Team were grateful for all the answers to the consultation.

Douglas Ansdell informed the Group that responses have been mixed, with a lot which were supportive to Gaelic and some which were not. There had also been responses with varying levels of substance, and these will be analysed appropriately in advance of the independent report on consultation responses.

Points were raised around the need for Community Development careers to be well-paid and sustainable, community Gaelic Language Plans and how these issues are being dealt with when considering the creation of a Gàidhealtachd. Douglas Ansdell spoke about responses received which reference these points and provided some information on work already being done in these areas and how these could be developed following the consultation.

Shona NicIllinnein told the Group that Bòrd na Gàidhlig's response was published on their website and encouraged those thinking of submitting a response to read it and to consider using its contents when drafting their own. She provided some more information on proposals from the response in relation to Gaelic Language Plans and the creation of a Gàidhealtachd. She noted that their response also referenced the Education Reform Bill, the Human Rights Bill, the review of Community Empowerment Act, the Land Reform Bill, official status for Gaelic and more.

Some of the other points raised were relating to town planning systems, Gaelic keyboards in IT service contracts in schools, the creation of a Gaelic-specific curriculum and discussions were held around these points.

AOCB

Màrtainn Mac a' Bhàillidh noted that he would be happy to speak at the next meeting on SpeakGaelic/Duolingo.

Date of Next Meeting

The next meeting will be held during Seachdain na Gàidhlig (20-26th February 2023)

